

**A' Frithealadh Fheuman Taice a Bharrachd  
ann am Foghlam tron Ghàidhlig:  
Aithneachadh, Measadh agus Ro-innleachdan Taice**

**Ùraichte san Ògmhios 2018**

## A' Frithealadh Fheuman Taice a Bharrachd ann am Foghlam tron Ghàidhlig: Aithneachadh, Measadh agus Ro-innleachdan Taice

### Ro-ràdh

Tha làn-chòir aig gach neach-ionnsachaidh air taic gus am bi e comasach dhaibh a' bhuannachd as motha fhaighinn bho na cothroman a tha an lùib a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais, ge air bith càite am bi iad ag ionnsachadh. Bu chòir do thaic a bhith freagarrach, co-rèireach agus timeil. Tha eadar-mheadhanachd tràth agus ceumnaichte a' toirt seachad frèam airson taic a bharrachd far a bheil duilgheadasan aig sgoilear le ionnsachadh agus leasachadh.

Tha an sgrìobhainn seo a' toirt seachad fiosrachadh, taic agus an cleachdadh as fheàrr a thaobh nam meadhanan a tha stèidhichte gus Feuman Taice a Bharrachd (FTB) a fhrithealadh ann am Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) thar solar Chomhairle na Gàidhealtachd. Bu chòir stiùireadh a chleachdadh ann an co-bhann ris na sgrìobhainnean poileasaidh a leanas le Comhairle na Gàidhealtachd: [Stiùireadh Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd](#); [Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd – A' Libhrigeadh Taic a Bharrachd airson Ionnsachadh](#); [Stiùireadh air Obrachadh Dà-chànanach](#) agus [Foghlam Gàidhlig: Dòigh-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd](#). Thèid clàr-innse a' phoileasaidh seo atharrachadh agus ùrachadh mar a bhios feum air, mar fhreagairt do dh'atharrachaidhean ann an reachdas agus a' gabhail sùim do dh'fhios air ais bho sgoilearan, pàrantan/luchd-cùraim, luchd-obrach sgoile agus proifeiseantaich ioma-bhuidhneach. Mar sin, airson an tionndaidh as ùire, bu chòir coimhead ri earrainn Taic airson Luchd-ionnsachaidh, Poileasaidhean agus Stiùireadh air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd, a gheibhear [an seo](https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies_and_guidance-support_for_learners): [https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies\\_and\\_guidance-support\\_for\\_learners](https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies_and_guidance-support_for_learners)

### Prionnsapalan Stiùiridh

Tha am poileasaidh a' mìneachadh nan nithean ris a bheil dùil a thaobh solar FTB ann am FtG. Tha an dòigh-obrach seo, stèidhichte air [Ceartas do gach pàiste](#) bunaichte air 10 prìomh chòr-phàirtean, a tha a' freagairt air gach suidheachadh sgoile ann an Comhairle na Gàidhealtachd:

1. *Fòcas air a bhith a' leasachadh bhuilean do chloinn, dhaoine òga agus an teaghlaichean, stèidhichte air tuigse cho-roinnte a thaobh sunnd.*
2. *Dòigh-obrach choitcheann a thaobh a bhith a' cosnadh co-aonta agus a' co-roinn fiosrachadh far a bheil sin iomchaidh.*
3. *Dreuchd bhunaiteach do chloinn, dhaoine òga agus teaghlaichean ann am measadh, planadh agus eadar-mheadhanachd.*
4. *Dòigh-obrach cho-òrdanaichte agus aonaichte do bhith ag aithneachadh dhraghan, a' measadh fheuman agus ag aontachadh gnìomhan agus bhuilean, stèidhichte air na Comharran Sunnd.*
5. *Pròiseasan planaidh, measaidh agus dèanamh cho-dhùnaidhean a tha sgiobalta agus a bheir seachad an cuideachadh ceart aig an àm cheart.*
6. *Inbhean cunbhalach àrd de cho-obrachadh, obrachadh còmhla is conaltradh nuair a dh'fheumas barrachd air aon bhuidheann a bhith an sàs, gu h-ionadail is air feadh Alba.*
7. *Proifeiseantach Stiùiridh gus taic dhealbhte a cho-òrdanachadh agus a sgrùdadh airson leanabh.*
8. *An sgioba-obrach sgileil taobh a-staigh sheirbheisean uile-choitcheann a mheudachadh gus aghaidh a chur ri feuman agus cunnartan cho tràth 's a ghabhas.*
9. *Sgioba-obrach misneachail is comasach thar nan seirbheisean uile do chloinn, dhaoine òga agus an teaghlaichean.*
10. *An comas fiosrachadh deamografach, measaidh is planaidh a cho-roinn ann an dòigh thèarainte taobh a-staigh agus thar chrìochan seirbheis is buidhne, a' cleachdadh shiostaman eileagtronaigeach far an urrainnear.*

Tha luachan agus prionnsapalan coitcheann air cùl [Stiùireadh Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd](#) agus tha iad seo a' buntainn ris gach taobh de bhith ag obair le clann agus daoine òga. Air an leasachadh bho fhiosrachadh, rannsachadh is eòlas, tha iad a' nochdadh chòraichean chloinne mar a thathar a' cur an cèill anns an [United Nations Convention on the Rights of the Child](#) (1989) agus tha iad a' togail air [Scottish Children's Charter](#) (2004). Tha iad air an sealltainn ann an reachdas, inbhean, modhan-obrach agus gnìomhachd proifeiseanta.

## CLÀR-INNSE

<b>1.</b>	<b>Foghlam Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd: Geàrr-chunntas...</b>	<b>3</b>
<b>2.</b>	<b>Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd.....</b>	<b>3</b>
<b>3.</b>	<b>Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd agus FtG.....</b>	<b>5</b>
<b>4.</b>	<b>Co-theacsaichean Àraid agus Feuman Sgoilearan.....</b>	<b>6</b>
<b>5.</b>	<b>Riarachadh Ghoireasan a Bharrachd.....</b>	<b>6</b>
<b>6.</b>	<b>Dòighean Teagaisg agus Dùilean Ionnsachaidh.....</b>	<b>7</b>
<b>7.</b>	<b>Dòighean agus Cnuasachadh airson Eadar-mheadhanachd Tràth....</b>	<b>8</b>
<b>8.</b>	<b>Measadh Fheuman Taice a Bharrachd.....</b>	<b>9</b>
<b>9.</b>	<b>Cnuasachadh do Phàrantan/Luchd-cùraim.....</b>	<b>14</b>
<b>10.</b>	<b>Fianais bho Rannsachadh Nàiseanta.....</b>	<b>15</b>
<b>11.</b>	<b>Innealan airson Feuman Taice a Bharrachd.....</b>	<b>17</b>
<b>12.</b>	<b>Goireasan Taice a Bharrachd.....</b>	<b>18</b>
<b>13.</b>	<b>Inneal-fiosrachaidh Air-loidhne.....</b>	<b>19</b>
<b>14.</b>	<b>Earr-ràdh i – Triantan Mo Shaoghail.....</b>	<b>24</b>
<b>15.</b>	<b>Cuir Fios Thugainn.....</b>	<b>25</b>

## 1 FOGHLAM GÀIDHLIG CHOMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD: GEÀRR-CHUNNTAS

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' gealltainn spèis cho-ionann a thoirt do Ghàidhlig agus do Bheurla air a' bhun-stèidh gu bheil an dà chànan nan co-phàrtean riatanach de bheatha na Gàidhealtachd. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig a thaobh foghlam, ealain, cultar, comann-sòisealta agus eaconamaidh, ann a bhith a' daingneachadh ar n-àite ann an saoghal an latha an-diugh, a luach a thaobh ar n-àm ri teachd, agus an dìleab chudromach a tha air a bhith aice air ar n-àm a dh'fhalbh.

Tha riatanas Chomhairle na Gàidhealtachd gus FTB leanabh no neach òig aithneachadh, a mheasadh agus a fhrithealadh a' buntainn san aon dòigh ri sgoilearan ann am Foghlam Gàidhlig, dìreach mar a tha e airson gach leanabh is neach òg ann an Alba. Tha [Stiùireadh Reachdail Airson Foghlam Gàidhlig](#) (Bòrd na Gàidhlig, 2017), [Additional Support Needs: A Collective Resource for GME](#) (Stòrlann, 2017) agus [Sgrùdadh Air Feuman Taice A Bharrachd Ann Am Foghlam Tron Ghàidhlig & Mion-sgrùdadh Air Na Feuman Trèanaidh Aig Luchd-obrach](#) (Bòrd na Gàidhlig, 2017) a' cur aghaidh ris an dùbhlán shònraichte a tha an lùib FTB ann am FtG, a' moladh gun tèid ceumannan a ghabhail gus solar a leasachadh do dhaoine òga a tha feumach air taic a bharrachd nan cuid ionnsachaidh. Tha dealas aig Comhairle na Gàidhealtachd agus a com-pàirtichean do bhith a' cur taic ri leasachadh san raon seo, a' dol an sàs gu gnìomhach is gu leantainneach ann am pròiseactan ionadail agus nàiseanta.

Airson àrd-shealladh iomlan agus cuimseach air an dòigh sa bheil Comhairle na Gàidhealtachd a' cur taic ri bhith a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach fiosrachadh a thaobh Reachdas, In-ghabhaltas agus Làn-chòraichean, coimheadaibh air na sgrìobhainnean poileasaidh [Foghlam Gàidhlig: Dòigh-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd](#) agus [Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd](#).

## 2 MODAIL CLEACHDAIDH NA GÀIDHEALTACHD

Tha seirbheisean slàinte agus foghlaim uile-choitcheann a' cur taic ri leasachadh chloinne uile thar sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd, agus tha seo a' gabhail a-steach a bhith ag aithneachadh agus a' freagairt fheuman taice a bharrachd chloinne. Tha gach taobh den mhodail libhrigeadh seirbheis (Fig.1) agus de na h-Eadar-mheadhanachdan Ceumnaichte buntainneach air am mìneachadh ann am [Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd – a' libhrigeadh Taic a Bharrachd airson Ionnsachadh](#), a gheibhear san earrainn Taic airson Luchd-ionnsachaidh, Poileasaidhean agus Stiùireadh air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd, [an seo](#):


[https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies\\_and\\_guidance-support\\_for\\_learners](https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies_and_guidance-support_for_learners)

Tha Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd a' togail air eòlas, teòiridh agus deagh chleachdadh. Tha e a' toirt seachad frèam do luchd-cleachdaidh ann an seirbheisean uile gus fiosrachadh a chruinneachadh, a structaradh agus a sgrùdadh ann an dòigh chunbhalach. Tha am frèam a' cuideachadh gus na neartan is na cuideaman airson an leanabh agus an luchd-cùraim aithneachadh is a thuigsinn, cho math ri feuman an leanabh no an neach òig agus cunnartan sam bith. Tha Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd a' goireasachadh breithneachadh air an t-seòrsa taic a tha a dhìth gus builean a leasachadh do chloinn. Tha e a' brosnachadh com-pàirteachas chloinne, dhaoine òga agus theaghlaichean mar nì a tha aig teas-meadhan a bhith a' measadh, a'

planadh agus a' dol an gnìomh. Chaidh co-phàirtean a' Mhodail Chleachdaidh a dhealbh gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh measaidh mu chloinn is dhaoine òga air a chlàradh ann an dòigh chunbhalach le proifeiseantaich uile. Bu chòir dhan a seo cuideachadh gus tuigse cho-roinnte a thoirt seachad mu fheuman leanaibh no neach òig, agus an dòigh as fheàrr gus aghaidh a chur ris na draghan seo, a shoilleireachadh. Faodar am Modail agus na h-innealan a tha a' toirt taic dha a bhith air an cleachdadh le luchd-obrach ann an seirbheisean inbheach is chloinne agus ann an co-theacsaichean aon no ioma sheirbheis/buidheann-gnìomha. Is iad prìomh cho-phàirtean Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd:

- An structar libhrigeadh seirbheis amalaichte
- Na Comharran Sunnd
- Na Còig Ceistean
- Triantan Mo Shaoghail (Earr-ràdh i – tionndadh Gàidhlig)
- Am Meatrags Tapachd
- Plana a' Phàiste

Bu chòir na co-phàirtean seo a chleachdadh gu co-rèireach gus feuman an leanaibh no an neach òig aithneachadh agus a fhrithealadh. Airson tuilleadh fiosrachaidh agus sgrìobhainnean mun mhodail seo, seallaibh air [Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd](#) (Comhairle na Gàidhealtachd, 2015).



\*LAC = Leanabh ann an Cùram

### 3 MODAIL CLEACHDAIDH NA GÀIDHEALTACHD AGUS FTG

Mar phàirt de chlàr-gnothaich airson leasachadh taobh a-staigh FtG agus mar fhreagairt do bheachdan proifeiseanta a tha air an toirt am follais tron Sgrùdadh air Foghlam Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd (2017), tha an t-Ùghdarras Ionadail air FTB a chomharrachadh mar raon leasachaidh, an dà chuid gu h-ionadail agus gu nàiseanta. Fa leth, tha an t-adhbhar dragh seo air a dheagh chlàradh ann an aithisgean sgoilearach agus tha pàrantan agus com-pàirtichean air conaltradh mu dheidhinn. Mar fhreagairt, chaidh 'Buidheann-obrach airson Feuman Taice a Bharrachd ann am Foghlam tron Ghàidhlig' a stèidheachadh ann an 2017. Tha a' bhuidheann seo a' com-pàirteachadh luchd-obrach a tha a' riochdachadh FtG anns na tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil, àrd-sgoil, FTB agus ìrean àrd-stiùiridh, a bharrachd air luchd-obrach le ùidh/dleastanas airson na Gàidhlig bho Sheirbheis Eòlais-inntinn Chomhairle na Gàidhealtachd, Seirbheis Leasachaidh Cainnt is Cànan Chomhairle na Gàidhealtachd agus Foghlam Alba. Tha a' bhuidheann a' cumail co-chomhairle leantainneach le eòlaichean FTB agus Cànanachais. Chomharraich Buidheann-obrach FTB FtG na molaidhean agus na cnuasachaidhean a leanas do phroifeiseantaich na Gàidhealtachd, agus chaidh an aontachadh às dèidh sin le Bernadette Cairns, Ceannard nan Seirbheisean Taice a Bharrachd; Norma Young, Ceannard an Ùghdarrais airson Foghlam Gàidhlig; agus Jim Steven, Ceannard an Fhoghlaim:

- **Feumar cumail gu h-iomlan ri [Stiùireadh Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd](#);**
- Bu chòir 'eisimpleir obrach' do phroifeiseantaich de Phlana Pàiste lìonnte a bhith ri fhaotainn do luchd-obrach, le nòtaichean stiùiridh sònraichte do FtG agus luchd-ionnsachaidh ioma-chànain eile;
- Bidh Meatrags FTB Chomhairle na Gàidhealtachd a' comharrachadh na h-ìre feuma ann an sgoiltean, gun a bhith a' sònrachadh chànanan dachaigh/curraicealaim;
- Tha na sgrìobhainnean [Àrd-shealladh air Sgilean Tràth Ro-sgoile \(Clann Aois 3 Bliadhna\)](#) agus [Àrd-shealladh air Sgilean Ro-sgoile \(Clann Aois 4 Bliadhna\)](#) air an cleachdadh gus dòigh shìmplidh ach iomlan a thoirt seachad gus sùil a chumail air leasachadh leanabhaich thar prìomh raointean agus airson a bhith a' soilleireachadh dhraghan sam bith a thig am bàrr. Faodaidh iad lèirsinn a thoirt seachad a thaobh leasachadh cànan leanabhaich, seach mar a tha iad ag ionnsachadh cànan sònraichte.
- Bu chòir dòighean-obrach eadar-mheadhanachd tràth a bhrosnachadh agus a leasachadh do chloinn bho bhreith gu àm tòiseachadh san sgoil. Gheibhear ro-innleachdan eadar-mheadhanachd tràth bho eòlaichean speisealta tro [bumps2bairns.com](http://bumps2bairns.com);
- Bu chòir taic a thoirt do sgoiltean ann a bhith a' toirt seachad fiosrachadh bunaiteach a thaobh FtG agus ioma-chànanas do luchd-obrach speisealta a tha a' tadhal orra;
- Bu chòir taic a thoirt do sgoiltean ann a bhith a' toirt seachad fiosrachadh bunaiteach do phàrantan a thaobh FtG agus ioma-chànanas agus na buannachdan is na dùbhlain a tha an lùib a bhith a' leantainn air adhart le FtG aig amannan nuair a bhios iad a' gluasad eadar ìrean ann am FtG;
- Feumaidh rannsachadh nàiseanta làithreach a bhith ri fhaotainn gu farsaing agus taic a chur ri leasachaidhean airson Foghlam tron Ghàidhlig agus FTB.

Mar phrìomhachas leantainneach, tha proifeiseantaich Chomhairle na Gàidhealtachd a' sior cho-obrachadh, an dà chuid gu h-ionadail agus nàiseanta, gus aghaidh a chur ris na tha a dhìth a thaobh leasachadh ghoireasan agus coinneachadh ri feumalachdan sgoilearan FTB FtG ann an dòigh nas èifeachdaiche. Gu sònraichte, math dh'fhaodte gum bi seo a' gabhail a-steach leasachadh a thaobh:



- Innealan a bharrachd airson measadh stèidhichte san sgoil agus taic do sgoilearan fa leth;
- Pasgan de dh'innealan diagnosach gus taic a thoirt do bhith ag aithneachadh FTB;
- Goireasan clasa agus goireasan taic inbheach, gus ro-innleachdan taice a neartachadh.

## 4 CO-THEACSAICHEAN ÀRAID AGUS FEUMAN SGOILEARAN

Tha FtG air a sholarachadh ann an coimhearsnachdan aig a bheil diofar ìrean fileantais. Ann an cuid de sgìrean na Gàidhealtachd, tha a' Ghàidhlig air a cluinntinn gu tric sa choimhearsnachd, tha mòran theaghlachan fileanta agus tha a' Ghàidhlig aig cuid de chloinn mar chiad chànan – ach ann an sgìrean eile bidh mòran chloinne ann nach cluinn ach glè bheag de Ghàidhlig taobh a-muigh na sgoile. Do chloinn uile a tha a' cur feum air taic a bharrachd ann a bhith a' tuigsinn a' chànan, tha an co-theacs anns a bheil iad ag ionnsachadh agus an eadar-mheadhanachd a tha ri fhaotainn gus an cuideachadh, fìor chudromach.

Tha clann ann am FtG gu tric air an teagasg ann an clasaichean co-dhèanta no ioma-dhèanta (faic Foghlam Gàidhlig: Dòigh-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd, Earrann 7 airson mìneachaidhean agus stiùireadh) ri taobh chloinne eile ann an diofar bhuidhnean aoise/ìrean nan cuid foghlaim. Tha seo a' tabhann bhuannachdan do luchd-ionnsachaidh cànan ach cuideachd a' cur feum air ìre àrd eadar-dhealachaidh ann an teagasg, an dà chuid a thaobh susbaint agus dòigh-obrach. Tha clann uile a' feumachdainn obair a tha dealaichte a rèir an cuid fheuman fa leth agus air a mhaidseadh ri goireasan freagarrach, co-dhiù a tha FTB aca gus nach eil.

Nuair a tha FTB aig sgoilearan ann an suidheachadh Foghlam tron Ghàidhlig, bidh an sgoil, an sgoilear, pàrantan/luchd-cùraim agus seirbheisean taice ag obrachadh còmhla gus taic a chur ri ionnsachadh an leanab. Tha an t-obrachadh com-pàirteach seo a' leantainn dòigh-obrach Eadar-mheadhanachd Ceumnaichte (Fig. 1) a tha air a ghabhail gus aghaidh a chur ri feum a bharrachd sam bith. Ach, faodaidh seo a bhith nas iom-fhillte air sgàth nithean a' buntainn ri bhith ag ionnsachadh cànan a bharrachd, me a' dèanamh sgaradh eadar a bhith ag aithneachadh dhuilgheadasan ionnsachaidh sònraichte leithid dioscleacsia mu choinneamh chomharran a tha a' buntainn ri bhith ag ionnsachadh cànan a bharrachd.

## 5 RIARACHADH GHOIREASAN A BHARRACHD

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' solarachadh taic a bharrachd tro mhodail riarachadh ghoireasan a tha a' toirt seachad fiosrachadh bho Thidsearan agus Luchd-taice Sgoilearan stèidhichte air feum a chaidh aithneachadh. Faodaidh Luchd-taice Sgoilearan obrachadh leis na sgoilearan air fad ann an sgoil agus bidh iad gu tric a' cumail aire air sgoilearan le ìre àrd feuma, mar a tha air a stiùireadh le Ceannard na Sgoile. 'S e dòigh-obrach eile gum biodh Luchd-taice Sgoilearan a' stiùireadh buidheann, a tha air stiùireadh fhaighinn an toiseach bho thidsear, gus an urrainn dhan tidsear an uair sin obrachadh nas dlùithe le sgoilearan aig a bheil barrachd fheuman taice a bharrachd. Uaireannan, gheibh clasaichean FtG cothrom air taic bho Luchd-taice Sgoilearan a tha air an sònrachadh gus taic a chur ri clasaichean ioma-dhèanta, ann an suidheachaidhean far a bheil àireamhan clasa uabhasach àrd.

Tha e cudromach toirt fa-near gu bheil cuideaman ann a thaobh na tha ri fhaotainn de Thidsearan FTB Gàidhlig agus Luchd-taice Sgoilearan Gàidhlig. 'S ann ri linn dùbhlain fastaidh a tha seo, agus faodaidh e a bhith doirbh luchd-obrach leis na barantasan agus na sgilean cànan freagarrach a chomharrachadh gus taic èifeachdach a thoirt do sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Comhairle na Gàidhealtachd an lùib phròiseactan planaidh, fastaidh agus gleidhidh luchd-obrach ionadail agus nàiseanta gus aghaidh a chur ris na h-adhbharan iomagain seo thar gach raon de dh'Fhoghlam Gàidhlig.

## 6 DÒIGHEAN TEAGAISG AGUS DÙILEAN IONNSACHAIDH

Mar gheàrr-chunntas, thathar a' moladh gun tèid 'Bogadh lomlan' a libhrigeadh bho FtG 1 gu co-dhiù deireadh FtG 2 agus math dh'fhaodte deireadh FtG 3. Tha an co-dhùnadh seo air a dhèanamh às dèidh sgrùdadh thidsearan agus tro thidsearan a bhith a' leantainn adhartas agus coileanadh. Mar sin, tha 'Bogadh' air a libhrigeadh bho FtG 3 no FtG 4 – FtG 7, nuair a tha Beurla air a toirt a-steach mean air mhean; tha cànan (no cànanan) a bharrachd eile air an libhrigeadh bho FtG 5 mar phàirt de [Modh-obrach 1+2 airson Ionnsachadh Cànan](#) (faic Foghlam Gàidhlig: Dòigh-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd airson tuilleadh fiosrachaidh)

Tha Bogadh ann am FtG a' leantainn gu deireadh na bun-sgoile. Tha e cudromach a bhith soilleir, seach gum bi a' mhòr-chuid de chloinn ag ionnsachadh tro chànan anns nach eil iad fileanta an toiseach, gum faodar a bhith a' dùileachadh pròiseas ionnsachaidh a tha math dh'fhaodte nas slaodaiche aig an toiseach. Mar sin, tha fòcas susbainteach air èisteachd agus labhairt tron [Curraicealam airson Sàr-mhathais](#) aig Tràth-Ìre gu h-àraid cudromach airson FtG. Tha am fòcas seo, air a libhrigeadh tro dhòighean-obrach Bogaidh, far a bheil stuthan lèirsinneach, dòighean-labhairt, tònna agus gluaisidhean a' cur taic ri conaltradh labhairteach, cuideachd air a shealltainn anns na [Slatan-tomhais Litearrais agus Gàidhlig](#), Foghlam Alba (2017). Tha an dòigh-obrach seo a' toirt cothrom do sgoilearan beirsinn air co-aisean a tha ag ionnsachadh tron 'chànan dachaigh', Cànan 1 no (C1) aca, agus gu math tric a dhol seachad orra. Tha rannsachadh air foghlam dà-chànanach do luchd-ionnsachaidh a tha nam buill de bhuidhinn cànan is cultair mòr-shluaigh na coimhearsnachd nàiseanta as motha, mar eisimpleir Genesee ann am Mehisto, a' sealltainn gum faod luchd-ionnsachaidh a tha ag ionnsachadh chuspairean tro chànan eile (C2), ann am prògraman a tha air an deagh chur an gnìomh:

- na h-aon ìrean coileanadh acadaimigeach agus na h-aon ìrean comais san C1 aca a bhuileachadh ri sgoilearan coltach riutha a tha air an oideachadh gu tur san C1 aca
- an aon mheas agus tuigse den chultar C1 aca a leasachadh ri oileanaich air na prògraman C1 agus gum faod iad tuigse nas motha a leasachadh mu chultar an C2
- ìrean fìor adhartach de chomas obrachail san C2 aca a bhuileachadh.

**Genesee ann am Mehisto, air a thogail bho: Bilingual learners and bilingual education (2015)**

Thathar an dùil, aig FtG 7, gum bi a' mhòr-chuid de luchd-ionnsachaidh air **an ìre de chomas a tha co-ionnan san fharsaingeachd ann an Gàidhlig agus Beurla** a choileanadh mar a tha air aithris le O'Hanlon, McLeod agus Paterson (2010), [Foghlam Alba](#) (2015), [Stòrlann](#) (2015) agus [Bòrd na Gàidhlig](#) (2017):



***Tha FtG ag amas air aghaidh a chur ri feuman an dà chuid luchd-labhairt fileanta na Gàidhlig agus sgoilearan nach eil gu tur fileanta. Tha am 'Bogadh lomlan' sna ciad trì bliadhnaichean agus am 'Bogadh' leantainneach às dèidh sin a' ciallachadh gum bi gach sgoilear a tha a' dol tron t-siostam fhoghlaim seo a' togail nan sgilean cànan riatanach is iomchaidh – an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla. Gheibh sgoilearan sàr fhoghlam anns gach raon eile den Churraicealam airson Sàr-mhathais cuideachd. Gu dearbh, nuair a ruigeas sgoilearan FtG P7, tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil na sgilean cànan Beurla aca gu cuibheasach nas fheàrr na an co-aoisean aon-chànanach.***

**[Stiùireadh Reachdail Airson Foghlam Gàidhlig](#), Bòrd na Gàidhlig (2017)**

## **7 DÒIGHEAN & CNUASACHADH AIRSON EADAR-MHEADHANACHD TRÀTH**

### **Suidheachaidhean Tràth-ionnsachaidh agus Cùraim-chloinne**

Tha àite fìor chudromach aig solar tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne ann a bhith a' leasachadh cànan do chloinn a tha ag ullachadh airson a dhol a-steach gu FtG. Tha clann air am brosnachadh gus cluiche, seinn, èisteachd agus labhairt gu tur sa Ghàidhlig. Bidh cuid de chloinn ag ionnsachadh gu luath san àrainneachd 'Bogadh lomlan' seo (faic ***Foghlam Gàidhlig: Dòigh-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd***, Earrann 6 airson fiosrachadh) agus bheir cuid eile nas fhaide mus bi iad cofhurtail sa chànan. Tha dreuchd fìor chudromach aig luchd-obrach thràth-bhliadhnaichean, a' toirt seachad modail cànan math agus àrainneachd ionnsachaidh bheartach. Tha iad cuideachd a' cur taic ri bhith a' measadh tràth-ionnsachadh chloinne agus a' toirt seachad taic gus feuman, a dh'fhaodadh a bhith a' com-pàirteachadh phroifeiseantaich eile, a fhrithealadh.

### **Àrd-sheallaidhean Leasachail:**

Tha luchd-obrach ann an suidheachaidhean Tràth-ionnsachaidh agus Cùraim-chloinne uile a' lìonadh Àrd-shealladh Leasachail airson gach leanabh. Tha an t-Àrd-shealladh a' comharrachadh raon sgilean a thathar an dùil gum biodh clann aois 3 no 4 air a choileanadh. Tha na taobhan cànan den àrd-shealladh seo a' buntainn ri leasachadh agus tuigse coitcheann a thaobh cànan beòil agus mar sin tha iad freagarrach airson an cleachdadh an dà chuid ann am FtB agus FtG. Bu chòir measadh a thaobh leasachadh cànan a bhith a' sealltainn chomasan ann am prìomh chànan an leanab – co-dhiù is e Gàidhlig no cànan eile. Math dh'fhaodte gur ann tro bhith a' com-pàirteachadh phàrantan as fheàrr a gheibhear am prìomh fhiosrachadh. Faodaidh na h-innealan seo FTB aithneachadh aig ìre thràth agus taic a chur ri còmhraidhean le pàrantan mu dhraghan a dh'fhaodadh a bhith ann.

**[Àrd-shealladh Leasachail air Sgilean Ro-sgoile \(Clann Aois 3 Bliadhna\)](#)**

**[Àrd-shealladh Leasachail air Sgilean Ro-sgoile \(Clann Aois 4 Bliadhna\)](#)**

Tha a bhith a' clàrachadh adhartas curraicealaim ann an cànan an t-seòmair-theagaisg a' toirt fiosrachadh feumail do thidsearan P1 air am faod iad breithneachadh nuair a tha sgoilearan a' gluasad eadar ìrean, a bharrachd air a bhith a' cur tuilleadh taic ri bhith ag aithneachadh fheuman.

**A' Cur Aghaidh ri Draghan is Dùbhlain ann an Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne:**

Taobh a-staigh suidheachadh Tràth-ionnsachaidh agus Cùraim-chloinne, tha fiosrachadh mu dhraghan, dhùbhlain agus ro-innleachdan air an clàradh air [Foirm Ro-sgoile 1](#). Gheibhear [Stiùireadh airson Foirm Ro-sgoile 1 a Chleachdadh](#) fa leth bho luchd-cleachdaidh agus tha seo a' dèanamh nochdte: **ann am Foghlam tron Ghàidhlig, 's ann air leasachadh cànan na Gàidhlig a bu chòir fòcas nan ro-innleachdan a tha air an cleachdadh gus taic a chur ri ath cheumannan ann an ionnsachadh chloinne a bhith**. Bhiodh e na b' fheàrr nan deidheadh taic air fad a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig agus nam biodh e comasach do sheirbheisean speisealta taic, teireapaidhean agus eadar-mheadhanachdan dìreach a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, ach chan eil seo buailteach tachairt. Far a bheil e iomchaidh, bheir seirbheisean speisealta stiùireadh agus co-chomhairle do luchd-obrach FtG, agus is urrainn dhaibhsan an uair sin an t-eadar-mheadhanachd dìreach agus an taic a thoirt seachad. Ach, ma dh'fheumas an speisealaiche an t-eadar-mheadhanachd a thoirt seachad iad fhèin, tha e ceart gu leòr ma thèid seo a dhèanamh sa Bheurla.

Ma tha proifeiseantaich ioma-bhuidhneach ag obair gu dìreach le sgoilearan FtG, feumaidh cothrom a bhith aca air fiosrachadh a tha a' cur taic is eòlas rin tuigse air co-phàirtean àraid a' cho-theacsa. Thathar a' moladh gum bi proifeiseantaich a tha a' tadhal a' leasachadh tuigse air dòighean-obrach bogaidh FtG agus a rèir Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd, bu chòir dhan a seo a bhith air a dhèanamh cuide ri obrachadh com-pàirteach làidir le luchd-obrach foghlaim, pàrantan/luchd-cùraim agus sgoilearan – a' toirt taic iomlanach do chloinn is dhaoine òga uile. Tha an dòigh-obrach cho-obrachail seo gu h-àraid cudromach ro, rè agus às dèidh prìomh eadar-ghluasadan. Leis an dòigh-obrach cheart, ùine, dealas agus taic, tha a bhith a' fàs ioma-chànanach tro mheadhan na Gàidhlig so-ruigsinneach dha-rìribh.

## 8 MEASADH FHEUMAN TAICE A BHARRACHD

Tha maoinachadh, leasachadh ghoireasan, planadh sgioba-obrach agus bun-structair agus pròiseactan leasachaidh uile riatanach ann a bhith a' libhrigeadh 'Sàr-mhathas agus Cothromas', mar a tha air a shoilleireachadh le [Riaghaltas na h-Alba](#) (2017). Anns a' Ghàidhealtachd, chaidh draghan sònraichte a thogail le proifeiseantaich agus pàrantan/luchd-cùraim mun ghainnead ghoireasan a tha rim faotainn gus coinneachadh ri iarrtasan FTB ann am FtG. Tha Comhairle na Gàidhealtachd ag aithneachadh gu bheil obair leasachaidh leantainneach riatanach gus freagairt air iarrtasan a tha a' sìor fhàs airson ro-innleachdan aithneachaidh, measadh agus taice agus tha i gu gnìomhach an sàs ann am pròiseactan ionadail is nàiseanta a tha ag amas air aghaidh a chur ris na cuideaman seo. A bharrachd, le bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic do bhith a' leasachadh agus a' co-roinn a' chleachdaidh as fheàrr, faodar feuman fa leth nan sgoilearan a fhrithealadh ann an dòigh a bhios a' sìor fhàs nas èifeachdaiche.

### Prionnsapalan Measaidh

Tha measaidhean neo-fhoirmeil leithid amharcan, agallamhan agus liostaichean-sgrùdaidh, a' gabhail a-steach measadh daimeamaig a thaobh comas ionnsachaidh, air am moladh mar ro-innleachdan ri taobh innealan coitcheann freagarrach. Tha faiceall a thaobh chùisean cultarail a' buntainn ri dòighean-measaidh sam bith. Mar sin, thathar a' moladh dòigh-obrach neach fa leth a thaobh measaidh, a' gabhail aire do cho-theacsa sòisealta àraid gach neach-ionnsachaidh.

### **Bu Chòir Dòighean-obrach Measaidh a Bhith air an Gabhail Os Làimh:**

- Gu h-iomlanach;
- Ann an dòigh cho-obrachail;

- Taobh a-staigh frèam eag-eòlasach agus a' gabhail aire do cho-theacsaichean dachaigh agus sgoile;
- Thar ùine;
- Tro bhith a' triantachadh fiosrachadh bho raon thùsan;
- Tro chànanan uile an neach-ionnsachaidh;
- Le bhith a' sireadh agus a' gabhail a-steach beachdan an sgoileir tron phròiseas.

### Cnuasachaidhean FtG:

- Bu chòir innealan measaidh airson Foghlam tron Bheurla a chleachdadh le faiceall ann am FtG seach gu bheil coitcheannachadh measaidh stèidhichte air luchd-ionnsachaidh aon-chànanach, a tha a' labhairt sa Bheurla, agus a tha air an teagasg fo mhodail foghlaim glè eadar-dhealaichte;
- Tha a bhith a' toirt taic do leasachadh ciad cànan(an) leanabh a' neartachadh ionnsachadh cànan a bharrachd;
- 'S e am feum airson conaltradh a tha a' brosnachadh ionnsachadh cànan. Faodaidh seo buaidh a thoirt air planadh agus structaradh taobh a-staigh àrainneachd an t-seòmair-theagaisg;
- Tha e riatanach gum faigh luchd-ionnsachaidh òga FtG taic ann a bhith a' leasachadh cànan labhairteach làitheil gus taic a thoirt do chluiche agus conaltradh sòisealta;
- Tha dùilean àrda cudromach;
- Tha co-ionannachd agus iomadachd riatanach me, a' toirt spèis do chànan/àrainneachd na dachaigh;
- Na bi a' smaoinichadh gur ann air sgàth a bhith ioma-chànanach a tha buileachadh ìseal.

Bu chòir adhartas agus buileachadh sgoilearan FtG, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh adhartach, a bhith air a sgrùdadh gu dlùth airson 's gum bi iad a' dèanamh cho math 's as urrainn dhaibh. Bu chòir dùbhlàn cognatach fuireach aig ìre àrd iomchaidh agus cha bu chòir a lùghdachadh, fiù 's ma tha iarrtas cànan na Gàidhlig air a lùghdachadh gus coinneachadh ri ìre comas cànan neach fa leth. Math dh'fhaodte gum bi smuaineachadh bun-bheachdail sgoileir air thoiseach air an comais labhairt sa Ghàidhlig. Mar sin, ged a dh'fhaodas reata togail cànan do chuid de chloinn ioma-chànanach a bhith nas slaodaiche/dàilichte sna h-ìrean tràtha, gu math tric bidh ionnsachadh luathaichte a' tighinn às dèidh seo. Ach, feumar beachdachadh air nithean eile cuideachd gus comas neach-ionnsachaidh a mheudachadh.

### Ciorram Cànan ann an Clann Dà-chànanach

'S e pròiseas toinnte, connspaideach agus buaireasach a th' ann a bhith ag aithneachadh ciorram cànan ann an leanabh aon-chànanach; mar sin tha am pròiseas nas dùbhlaiche buileach le leanabh dà-chànanach no ioma-chànanach agus nithean a bharrachd na lùib (Deponio et al., 2000). Tha clann dà-chànanach gu tric a' taisbeanadh dàil ann a bhith a' togail cànan agus tha e cudromach na leanas a thoirt am follais: **“chan eil dà-chànanachas ag adhbhrachadh mì-rian conaltraidh”** (Colaiste Rìoghail nan Leasaichean Cainnt is Cànan, air a thogail bho: Stow & Pert, 2014) agus, a cheart cho cudromach, nach eil a bhith dà-chànanach/ioma-chànanach a' ciallachadh nach bi ciorram cànan aig neach (Deponio et al., 2000; Rhys & Thomas, 2012). Thathar a' tuairmse gu bheil cumantas chiorraman cànan (agus math dh'fhaodte duilgheadasan leasachail eile) an aon rud ann an clann dà-chànanach agus ioma-chànanach (Deponio et al., 2000; Mueller Gathercole, Thomas & Hughes, 2008; Rhys & Thomas, 2012). A rèir rannsachadh, bhiodh leanabh dà-chànanach le ciorram cànan a' taisbeanadh ciorram leanailteach anns an dà chànan, chan ann dìreach ann an aon chànan (Donaldson, 2014) (a' gabhail ris na h-eadar-dhealachaidhean litreachaidh) (Thomas & Lloyd, 2008),

agus math dh'fhaodte nach bi iad a' taisbeanadh nan duilgheadasan dì-còdaidh (mothachadh fòn-eòlais) a tha cho tric nan comharran air dioscleacsia ann an clann aon-chànanach, a' labhairt na Beurla (The British Psychological Society, 1999).

Tha an Dr Fiona Lyon na tidsear cairtiche, na speisealaiche neo-eisimeileach ann am FTB agus na ball de Bhuidheann-obrach [Addressing Dyslexia Toolkit](#) (Alba). Tha an ùidh rannsachaidh aice ann an raon mothachadh fòn-eòlach, diosleacsia, duilgheadasan leantainneach le àireamhas, agus leasachadh ghoireasan is ro-innleachdan gus taic a thoirt do dh'oileanaich le diosleacsia. Ann an còmhraidhean le Comhairle na Gàidhealtachd, a' cur aghaidh ri ceist a bhith a' toirt taic do sgoilearan ioma-chànanach, shoilleirich Fiona na leanas:

**Nuair nach eil sgoilear ioma-chànanach a' dèanamh adhartas gu leòr, tha e cudromach gun tèid an t-adhbhar aithneachadh cho luath 's a ghabhas. Cha bu chòir smaoineachadh sa bhad gu bheil an duilgheadas ag èirigh seach gu bheil an sgoilear a' faighinn a' churraicealaim tro chànan a bharrachd. Ann a bhith a' measadh sgoilearan ioma-chànanach, feumar aire a thoirt do nithean a bharrachd. Dh'fhaodadh cuid de chomharran a bhith mar thoradh air adhbharan cànan/cultair, me a bhith a' fàgail fhaclan a-mach. Tha a bhith a' taghadh is a' sgrùdadh innealan measaidh gu h-àraid cudromach – faodaidh co-theacsaichean agus briathrachas nan deuchainnean foirmeil a bhith mì-fhreagarrach agus a' taobhadh an aghaidh luchd-ionnsachaidh bho bhuidhnean eile seach a' bhuidheann air an deach an deuchainn a stèidheachadh.**

**Faodaidh sgoilearan ann am FtG faighinn seachad air cnapan-starra a thaobh litearraich sna h-aon dòighean ri sgoilearan eile. Faodaidh ICT slighe dhan churraicealam a dhèanamh nas fhasa do sgoilearan ioma-chànanach. Faodaidh acfhainn agus prògraman taic a chur ri susbaint labhairteach, sgrìobhte no lèirsinneach gus an curraicealam a dhèanamh nas beartaiche.**

**Bu chòir pàrantan chloinne ioma-chànanach aig a bheil duilgheadasan a bhith air am brosnachadh gus com-pàirt a ghabhail ann am Fòraman Phàrant, far an urrainnear.**

**Dr Fiona Lyon (2017)**

### **Ioma-chànanas agus Mì-rianan Nearò-leasachail**

Tha mì-rianan nearò-leasachail air an comharrachadh le duilgheadasan obrachail corporra, inntinneil agus/no mothachail a tha a' tighinn am bàrr ann an leanabas no òigeachd air sgàth eadar-dhealachaidhean ann an leasachadh na h-eanchainn agus/no pàirtean eile de chuairt nan lèithean (Hughes & Chitsabesan, 2015). A rèir an DSM-V (APA, 2013; APA, 2015) tha mì-rianan nearò-leasachail a' gabhail a-steach: ciorram inntleachdail/ionnsachaidh; mì-rianan ionnsachaidh sònraichte; mì-rianan conaltraidh; *attention deficit hyperactivity disorder* (ADHD); *autistic spectrum disorders* (ASD; ris an canar uaireannan *autism spectrum conditions* no ASC); *foetal alcohol spectrum disorders*, *developmental coordination disorder* (DCD) agus *Tourette's syndrome* am measg feadhainn eile. Thathar a' meas gu bheil 5-12% de chloinn uile san Rìoghachd Aonaichte fo bhuidh aon no barrachd mì-rian nearò-leasachail (Law, bho: Öztürk et. al., 2018).

Faodaidh ioma-chànanas an dà chuid a bhith na dhùbhlán agus na chothrom dhaibhsan aig a bheil mì-rianan nearò-leasachail (Öztürk, Gibson, Howard, & Katsos, 2018). A dh'aindeoin dhraghan so-thuigseach gun adhbharaich a bhith a' fàs suas le iomadh cànan duilgheadasan dhaibhsan le mì-rianan nearò-leasachail, chan eil fianais sam bith ann gu bheil droch bhuidh aig a seo (Öztürk et. al., 2018). A rèir ath-sgrùdadh eagarach

o chionn ghoirid (2016) a rinneadh air 50 sgrùdaidhean a' rannsachadh ioma-chànanas agus mì-rian nearò-leasachail (38 a' buntainn ri mì-rianan conaltraidh, deich air ASD agus a dhà air ciorraman innleachdail) le Uljarevic agus co-obraichean (air aithris le Öztürk et. al., 2018), tha e comasach do chloinn le mì-rianan nearò-leasachail ioma-chànanas a leasachadh le taic fhreagarrach anns gach cànan. Math dh'fhaodte gun leasaich na sgilean cànan aca aig astar nas slaodaiche agus math dh'fhaodte nach leasaich iad chun na h-aon ìre rin co-aoisean a tha a' leasachadh gu dualtach, ach bhiodh an t-astar agus an ìre coltach ri co-aoisean aon-chànanach le mì-rian nearò-leasachail, aig am biodh an aon seòrsa cothroman ionnsachaidh cànan (Öztürk et. al., 2018).

Thathar a' moladh dòigh-obrach iomlanach a thaobh measadh agus eadar-mheadhanachd, a tha mothachail mu chultar, a' breithneachadh air an leanabh iomlan agus na cànanan aca air fad (O'Toole & Hickey, 2012; Öztürk et. al., 2018; RCSLT, 2007). Bu chòir teaghlachan a bhith air am brosnachadh gus na cànanan dachaigh aca a chleachdadh agus cha bu chòir do na h-eòlasan cànan aig clann le mì-rianan nearò-leasachail a bhith air an cuingealachadh ma tha dòigh-obrach leithid seo a' ciallachadh nach eil com-pàirteachas iomlan aca ann am beatha teaghlach agus coimhearsnachd (Öztürk et. al., 2018).

## **Measadh Daineamaig**

Chuidich Eàirdsidh MacLulaich sgrùdadh farsaing air taic FTB ann am FtG airson Bòrd na Gàidhlig, air fhoillseachadh ann an [\*\*Sgrùdadh Air Feuman Taice A Bharrachd Ann Am Foghlam Tron Ghàidhlig & Mion-sgrùdadh Air Na Feuman Trèanadh Aig Luchd-obrach\*\*](#) (2017). Cho-dhùin e gur e an seòrsa measaidh as freagarraiche do chloinn ann am FtG, an àite innealan bun-tomhais, na dòighean-measaidh daineamaig. Tha measadh daineamaig air a dhaingneachadh le bun-bheachd Vygotsky de 'Zone of Proximal Development' (bho: Peña, Iglesias & Lidz, 2001). Ann an dòighean-measaidh nas traidiseanta 's e comas an leanabh a bhith ag obair gu neo-eisimeileach a tha air a thomhas, ach le measadh daineamaig, 's e an comas a tha aig an leanabh gus ionnsachadh agus adhartas a dhèanamh às dèidh eadar-mheadhanachd oide no tidseir (eadar-mheadhan) a tha air a thomhas (Peña et al. 2001; Lauchlan, 2012). 'S e tomhas nas neo-thaobhaiche a th' ann am measadh daineamaig, gus an urrainn do chloinn nach dèan cho math, math dh'fhaodte, ann am measadh bun-tomhais, dèanamh cho math 's as urrainn dhaibh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn na tha air iarraidh orra sa ghnìomh, agus tha seo na chomharra nas fheàrr air comas agus eòlas seach gum faodar freagairtean a chlàradh ann an cànan sam bith (O'Toole & Hickey, 2012). Dh'fhaodadh mar a nì an leanabh dà-chànanach san eadar-mheadhan sgaradh a dhèanamh eadar feadhainn le ciorram cànan agus feadhainn a tha a' sealltainn dàil ann an aon no dà chànan seach nach eil iad a' faighinn cothrom gu leòr an cànan sin a chleachdadh (O'Toole & Hickey, 2012).

## **FtG Bun-sgoile**

Math dh'fhaodte gum bi no nach bi ìre air choreigin de Ghàidhlig labhairteach aig clann a tha a' dol a-steach gu FtG 1, ach thathar a' dùileachadh gum bi iad uile ag ionnsachadh gu tur tro mheadhan na Gàidhlig. Anns na mìosan tràtha de FtG 1, tha fòcas làidir air a bhith a' leudachadh cànan labhairteach a' chlasa agus a' cleachdadh seo gus dùilean, pròiseasan agus modhan na sgoile a thuigsinn. 'S dòcha gun toir cuid de chloinn nas fhaide gus stiùiridhean labhairteach a thuigsinn is a leantainn, com-pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean no na feuman aca a dhèanamh aithnichte. Dh'fhaodadh na h-adhbharan air cùl carson a tha iad a' toirt nas fhaide gus conaltradh gu h-èifeachdach a bhith leasachail, àrainneachdail no air sgàth duilgheadas sònraichte (no measgachadh dhiubh). Fhad 's a tha ionnsachadh a' dol air adhart agus cànan sgrìobhte air a thoirt a-steach, math dh'fhaodte gum fàs duilgheadasan no dàilean conaltraidh nas follaisiche



agus gum bi iad nam bacadh air ionnsachadh. Tha a bhith a' cleachdadh dòigh-obrach leasachail a thaobh teagasg agus ionnsachadh a' cuideachadh gus leasachadh cànan gach neach fa leth a thoirt air adhart.

Fhad 's a bhios clann a' leantainn air adhart tro 'Bhogadh Iomlan' ann am FtG 2 agus FtG 3, thathar an dùil gun tig iad air adhart gu ìre obrachail de Ghàidhlig labhairteach. Ann am FtG 3 no FtG 4 bidh clann a' gluasad gu ìre 'Bogaidh', far a bheil Beurla air a toirt a-steach mar raon fa leth den churraicealam, ach 's i a' Ghàidhlig fhathast prìomh chànan an t-seòmair-theagaisg thar a' churraicealaim. Rè na h-ìre Bogaidh, bidh a' mhòr-chuid de chloinn a' tòiseachadh air leabhraichean Beurla a leughadh agus a' dèanamh adhartas len cuid sgrìobhaidh sa Bheurla. Aig àm sam bith ann am foghlam leanaibh, nuair a tha feuman taice a bharrachd air an aithneachadh no air an amharas, bu chòir dhan phròiseas airson a bhith a' measadh agus a' toirt taic do ionnsachadh no leasachadh corporra, air a mhìneachadh ann am poileasaidhean FTB Chomhairle na Gàidhealtachd, a bhith air an leantainn. Gheibhear sgrìobhainnean stiùiridh buntaineach ann an earrann Taic airson Luchd-ionnsachaidh, Poileasaidhean agus Stiùireadh air làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd, a gheibhear [an seo](#).

### **Dùbhlain**

Tha dùbhlain a bharrachd mu choinneamh clann le FTB a tha ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig ma tha duilgheadas aca cuideachd ann a bhith a' tuigsinn agus a' cleachdadh a' chànan labhairtich. Tha e cudromach taic a thoirt dhan cuid ionnsachaidh tro dhòighean-teagaisg freagarrach, gus am faigh iad cothrom èifeachdach air an cuid foghlaim agus gus an urrainn dhaibh fèin-iomhaigh mhath a chumail suas. Math dh'fhaodte gu bheil bacadh air taic tìmeil air sgàth 's nach eil taic cànan gu leòr ri fhaotainn taobh a-staigh is taobh a-muigh na sgoile, nach eil measaidhean gu leòr ann a tha comasach air sgaradh a dhèanamh eadar togail cànan agus duilgheadasan eile air cùl chùisean, agus mu dheireadh aithne nach eil goireasan FTB agus trèanadh gu leòr ann do thidsearan agus luchd-taice sgoilearan a thaobh na bu chòir dhaibh a chleachdadh agus mar a bu chòir dhaibh a chleachdadh. Tha Comhairle na Gàidhealtachd an lùib grunn phròiseactan ionadail agus nàiseanta gus aghaidh a chur ris na raointean leasachaidh seo.

Bidh barrachd dùbhlain mu choinneamh cuid de chloinn ann a bhith ag ionnsachadh na bhios airson cuid eile. Anns an t-suidheachadh seo, tha e na bhuannachd do chloinn agus dhaoine òga ma bhios na h-eòlasan ionnsachaidh agus an cànan conaltraidh aca aig ìre fhreagarrach. Tha na h-eadar-mheadhanachdan a tha air am moladh gu h-ìseal a' toirt seachad puingean-tòiseachaidh is puingean-cuimhneachaidh a bheir taic do bhith a' dèanamh sgaradh eadar cànan agus àrainneachd ionnsachaidh.

### **Eadar-mheadhanachd**

Tha tidsearan clasa agus luchd-obrach eile a' feuchainn ri feuman na cloinne uile a fhrithealadh. Gus aghaidh a chur ri feuman leanaibh aig ìre FTB 3 no 4 (air Meatrags FTB Chomhairle na Gàidhealtachd) feumar tuigse air cò iad, far a bheil iad nan cuid ionnsachaidh is leasachaidh, agus na h-ath cheumannan a tha a dhìth gus am fàs iad nas neo-eisimeiliche agus nas comasaiche. Tha ionadan foghlaim gu tric a' sireadh comhairle agus a' dol an lùib obair chom-pàirteach èifeachdach le [Seirbheisean Taice Speisealta](#), me Seirbheis Leasachaidh Cainnte is Cànan no Seirbheis Eòlais-inntinn gus coinneachadh ri feuman luchd-ionnsachaidh fa leth san dòigh as fheàrr.



## 9 CNUASACHADH DO PHÀRANTAN/LUCHD-CÙRAIM

Tha làn-chòir aig clann air clàrachadh ann am FtG, ma tha e ri fhaotainn anns an sgìre aca. Faodar taic a thoirt do theaghlaichean le clann le FTB, a tha a' beachdachadh air FtG, gus co-dhùnadh fiosraichte a dhèanamh ro chlàrachadh agus às dèidh fios fhaighinn bhon luchd-ùidh iomchaidh air fad. Tha e nas fheàrr taic a chur ri eadar-mheadhanachdan FTB le tuigse làidir air modail a' churraicealaim, an co-theacsa ionnsachaidh agus na goireasan a tha rim faotainn. Faodaidh pàrantan/luchd-cùraim tadhal air sgoil aig àm sam bith ann am foghlam leanabh gus bruidhinn mu riatanasan taice fa leth, mar phàirt de na h-Eadar-mheadhanachdan Ceumnaichte taobh a-staigh [Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd](#). Tha an dòigh-obrach seo a' toirt chothroman gus [Taic a Bharrachd airson Ionnsachadh](#) freagarrach, co-rèireach agus timeil a dhealbhadh gus coinneachadh ri feumalachdan leanabh fa leth, stèidhichte air prionnsapalan [Ceartas do gach pàiste](#).

Tha an dà chuid Foghlam tron Bheurla agus FtG a' libhrigeadh [Curraicealam airson Sàr-mhathais](#) gu h-èifeachdach, ach tha dòighean eòlas-teagaisg eadar-dhealaichte aig gach siostam foghlaim. Mar sin, bu chòir teaghlaichean a tha a' taghadh FtG beachdachadh air an dealas a tha a dhìth san ùine-fhada gus togail a' chànain agus litearras a dhèanamh tèarainte agus daingeann. Airson an adhbhair seo, thathar cuideachd a' moladh is a' brosnachadh gu làidir gun tèid leantainn air adhart le roghainnean curraicealaim FtG às dèidh gluasad dhan àrd-sgoil. An aghaidh seo, thathar gu làidir a' dì-moladh beachd sam bith gu bheil e furasta gluasad bho aon mheadhan foghlaim bun-sgoile gu meadhan eile.

Math dh'fhaodte gum feum sgoilearan le bacaidhean ionnsachaidh aithnichte taic a bharrachd airson an cuideachadh gus ionnsachadh nas èifeachdaiche. A thaobh FtG, nuair a tha cànan an t-seòmair-theagaisg eadar-dhealaichte bho chànan na dachaigh, chan eil seo ann fhèin na adhbhar airson Taic a Bharrachd airson Ionnsachadh a thoirt do sgoilearan. Nuair a tha e air aithneachadh gu bheil feum taice a bharrachd aig leanabh, mar as trice bidh seo ann thairis air cànanan eadar-dhealaichte (faic Earrann 7). Bu chòir eadar-mheadhanachdan taice FtG a' buntainn ri leasachadh [cànain](#) a bhith air an libhrigeadh tron Ghàidhlig. Airson pàrantan/luchd-cùraim chloinne, far nach e Gàidhlig cànan na dachaigh, thathar a' brosnachadh theaghlaichean gus ionnsachadh Gàidhlig a bhrosnachadh agus taic a thoirt dha. Ach, bidh e nas èifeachdaiche an cànan as làidire san dachaigh a chleachdadh gus taic a chur ri leasachadh litearra. Ged a tha gach cànan eadar-dhealaichte bho chèile, tha bun-chomasan cognatach/acadaimigeach no a' buntainn ri litearras aig luchd-ionnsachaidh dà-chànanach a ghabhas gluasad bho aon chànan gu cànan eile. Tha seo a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh tarraing air bun-bheachdan agus sgilean a' buntainn ri litearras ann an aon chànan gus taic a thoirt dhan chànan eile (Cummins, 2013).

Tha mì-thuigsinn ann gum faod sgoilearan FtG stuthan ionnsachaidh Beurla fhaighinn gus taic a chur ri obair clasa agus duilgheadasan FTB a leasachadh. Ann an da-rìribh, faodaidh an dòigh-obrach seo dùbhlàn cognatach a mheudachadh agus tha e a' cur feum air 'sgilean eadar-theangachaidh mar-aon', pròiseas smaoineachaidh iom-fhillte, òrdugh àrd, a dh'fhaodadh cus cuideim a chur air a' chomas chànain a th' aca mar-thà. Mar thoradh, bu chòir stuthan leughaidh Beurla a sheachnadh ann am FtG seach gu bheil iad a' dèanamh leughadh sa Ghàidhlig nas duilghe, gu h-àraid nuair a tha feuman aithnichte aig sgoilearan fa leth. San aon dòigh, chan eil cleachdadh cunbhalach na Beurla airson adhbharan taice a' tighinn a rèir nan ceumannan 'Bogaidh' agus 'Bogaidh lomlan' a tha a' buntainn ri libhrigeadh FtG. Mar sin, bu chòir do dh'eadar-mheadhanachd airson taic a bharrachd a bhith a' gabhail àite sa Ghàidhlig, far an urrainnear.

Tro FtG agus [Foghlam Farsaing Coitcheann](#), tha [Bòrd na Gàidhlig](#), [Riaghaltas na h-Alba](#), [Foghlam Alba](#) agus Comhairle na Gàidhealtachd ag aontachadh *gur i a' Ghàidhlig a bu chòir a bhith na prìomh chànan san t-seòmar-theagaisg*; mar a thathar a' mìneachadh ann an [Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig](#) (2017). Ach, a-mhàin:

**Bidh an cànan san tèid feuman taice a bharrachd a libhrigeadh an crochadh air feuman an leanaidh, na goireasan a tha rim faotainn agus an luchd-obrach barantaichte a tha rim faotainn.**

[Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig \(2017\)](#)

## 10 FIANAIS BHO RANNSACHADH NÀISEANTA

Tha am fiosrachadh a leanas a' gabhail a-steach sgrìobhainnean nàiseanta, airson fiosrachadh, a' buntainn ri Foghlam Gàidhlig, Litearras ann an Gàidhlig agus Feuman Taice a Bharrachd ann am FtG; ri fhaotainn air [National Improvement Hub](#) aig Foghlam Alba:

[Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig](#) (Foghlam Alba, 2015) Earrann 14, Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig: Luchd-ionnsachaidh le feumalachdan a bharrachd.

Tha an sgrìobhainn chomhairle nàiseanta seo a' mìneachadh gum feum gach neach a tha an lùib a bhith a' toirt taic do chloinn agus do dhaoine òga, a bhith a' tuigsinn nan dòighean-obrach a tha an lùib a bhith a' teagasg ann am FtG. Tha poileasaidhean airson a bhith a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh ann am FtG, agus a tha a' toirt aire do reachdas, nan riathanas reachdail airson ùghdarrasan ionadail uile. Chan eil a bhith a' toirt luchd-ionnsachaidh a-mach à FtG na fhreagairt ann a bhith a' frithealadh fheuman ionnsachaidh.

[Improving Practice in Gaelic Education \(Education Scotland, 2010\)](#)

Brath-ullachaidh goirid airson taic a thoirt do luchd-cleachdaidh gus feuman ionnsachaidh sgoilearan a tha feumach air taic ionnsachaidh taobh a-staigh FtG a fhrithealadh.

[Càileachd agus leasachadh ann am foghlam an Alba 2012-2016](#) (Foghlam Alba, 2012-2016)

Tha an aithisg seo mu thoraidhean Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' toirt iomadh neart am follais, nam measg dealas an luchd-obrach, leasachadh leantainneach a thaobh eòlasan ionnsachaidh nan sgoilearan, agus cruthachadh siostam foghlaim a tha fìor inghabhaltach. Tha iomradh sònraichte air FtG.

[Supporting children with effective strategies in GME](#) (Foghlam Alba, 2017)

**Goireasan agus stuthan rim faotainn bho: [Bòrd na Gàidhlig](#):**

[Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig](#) (Bòrd na Gàidhlig, 2017)

Tha an stiùireadh seo na dhà phàirt. Tha Pàirt 1 a' dèiligeadh ri solar airson na Gàidhlig mar a tha air a mìneachadh ann an [Achd an Fhoghlaim \(Alba\)](#) (2016) agus na dleastanasan a tha air ùghdarrasan foghlaim gus brosnachadh is taic a thoirt dhan Ghàidhlig. Tha Pàirt 2 a' toirt tuilleadh Stiùiridh a' buntainn ri solar airson foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean.

**Goireasan agus stuthan rim faotainn bho: [Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig](#):**

[Additional Support Needs: A collective resource for GME](#) (Stòrlann, 2017)

Tha an goireas air-loidhne seo air a thoirt bho mholaidhean bho sgrùdadh air feuman taice a bharrachd a chaidh a bharantachadh le Bòrd na Gàidhlig:

[Sgrùdadh Air Feuman Taice A Bharrachd Ann Am Foghlam Tron Ghàidhlig & Mion-sgrùdadh Air Na Feuman Trèanaidh Aig Luchd-obrach](#) (Bòrd na Gàidhlig)

[Materials and videos from a conference on ASN in GME](#) Stuthan agus bhidiothan bho cho-labhairt mu Fheumalachdan Taice a Bharrachd ann am FtG (Oilthigh Dhùn Èideann, Ògmhios 2014)

[\*\*Speech Therapy and Gaelic \(STaG\): Activities for English speaking Speech & Language Therapists, supporting Gaelic medium schools\*\*](#), Stòrlann (2018)

Tha an goireas seo, air a leasachadh ann an com-pàirteachas le Seirbheisean Leasachaidh Cainnt & Cànan sna h-Eileanan Siar ag obrachadh mar App a ghabhas luchdadh a-nuas no obrachadh tro bhrabhsair, agus mar sin tha e freagarrach airson teicneòlas Android, Apple, Windows agus Chromebook (tha luchdadh a-nuas air fònaichean-làimhe cuingealaichte seach gu bheil na h-innealan ro bheag). 'S ann airson taic eadar-mheadhain 1:1 air fuaimean toisich/meadhain/deiridh agus briathrachas co-cheangailte riutha a tha an app. Tha gnìomhan imfhiosach air an dealbhadh airson an cleachdadh fo stiùir Leasaichean Cainnt & Cànan Beurla, a' toirt taic do sgoiltean foghlam tron Ghàidhlig. Gheibhear cuideachd stuthan taice buntainneach.

### **Làraich-lìn Fheumail Eile:**

[Dyslexia Scotland](#)

[Inclusive practice in language learning](#)

[Languages without limits](#)

## 11 INNEALAN AIRSON FEUMAN TAICE A BHARRACHD

Tha an liosta a leanas a' toirt geàrr-chunntas air innealan, goireasan agus làraich-lìn FTB, a dh'fhaodadh a bhith feumail thar FtG do thidsearan agus/no Seirbheisean Taice Speisealta:

- [Assessment of reading skills in GME: Exploring teachers' perceptions and present practice by Fiona Lyon & Sarah MacQuarrie, caibideil 3 ann an Additional Support Needs: A Collective Resource for GME](#)
- [Addressing Dyslexia Toolkit](#)
- Innealan-measaidh loma-chànanach / Liostaichean-sgrùdaidh, me BOLD
- [Dè th' ann an diosleacsia?](#) (Fiona Lyon às leth Dyslexia Scotland)
- [Gaelic Phonological Screening Test](#) (GL Assessment, Fiona Lyon (2012)) – Cleachd ann am P1, P2 agus P3
- [Deuchainn Leughaidh Ghàidhlig](#)
- Tha an earrann [Bog Litearrais na Gàidhealtachd - Emerging literacy](#) a' gabhail a-steach sgrìon airson mothachadh fòn-eòlach Gàidhlig: [Measadh Neo-fhoirmeil air Mothachadh mu Foneòlas airson aois-sgoile](#) – Faodaidh tidsearan an t-inneal sgrìonaidh a chleachdadh gus neartan agus beàrnan chloinne ann am mothachadh fòn-eòlach aithneachadh. Chan eil seo air a chrìochnachadh gus am bi an tuigse cànan aig clann gus am measadh a dhèanamh. Bidh tidsearan a' cleachdadh breithneachadh proifeiseanta gus co-dhùnadh cuin agus ciamar a chleachdas iad stiùireadh fòn-eòlais, mar phàirt de leasachadh cànan labhairteach nas fharsainge na cloinne.
- [Persistent Literacy Difficulties Practice Paper, Seirbheis Eòlais-inntinn Chomhairle na Gàidhealtachd](#) (2016)
- [SLT Assessment and Intervention: Best practice for children and young people in multilingual settings](#) (Colaiste Rìoghail nan Leasaichean Cairnt is Cànan)
- [Speech and Language Therapy: Clinical Guidelines for Working with Multilingual Children](#) (Comhairle na Gàidhealtachd)
- [Special Needs Assessment Profile](#) (Hodder Education, Weedon and Reid (2008))

## 12 GOIREASAN TAICE A BHARRACHD

- [E-stòras](#)
- [Facal agus Fuaim](#)
- [Factaraidh nam Fuaimean](#), Lasadh (agus earrannan eile den làraich)
- [Fuaimean Còmhlà](#), P.A. Caimbeul et. al.
- [Fuaimean Feumail](#), Mairead Monk et. al.
- [Gaelic for Parents](#)
- [Penfriend XL Gaelic](#) – Inneal sgrìobhaidh/taidhpìdh ro-innseach, Stòrlann agus Penfriend
- Pioramaidean – Seata taic-sgrìobhaidh phioramaidean, Comhairle na Gàidhealtachd
- [Leugh, Sgrìobh, Cunntais](#) – Leugh, Sgrìobh, Cunntais sa Ghàidhlig
- [Scottish Computer Voice - Ceitidh \(Gaelic language\)](#) – teacsa gu cainnt Ghàidhlig
- Seo Niseag (agus tiotalan eile) – Taic aon neach tro phasgan taic-leughaidh Clicker 6, Comhairle na Gàidhealtachd
- [Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig](#)

## 13 INNEAL-FIOSRACHAIDH AIR-LOIDHNE

**[Achd an Fhoghlaim \(Alba\)](#)** Riaghaltas na h-Alba (2016):

[http://www.legislation.gov.uk/asp/2016/8/pdfs/asp\\_20160008\\_en.pdf](http://www.legislation.gov.uk/asp/2016/8/pdfs/asp_20160008_en.pdf)

**[Additional Support Needs: A collective resource for GME](#)** Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig (2017): <https://www.storlann.co.uk/feumalachdan-taic/>

**[Addressing Dyslexia Toolkit Working Group \(Scotland\)](#)** Dyslexia Scotland (làrach-lìn làithreach): <http://www.dyslexiascotland.org.uk/addressing-dyslexia-toolkit>

American Psychiatric Association (APA). (2013). ***Diagnostic and statistical manual of mental disorders (DSM-5®)***. American Psychiatric Pub.

American Psychiatric Association. (2015). ***Neurodevelopmental Disorders: DSM-5® Selections***. American Psychiatric Pub.

**[Àrd-shealladh air Sgilean Tràth Ro-sgoile \(Clann Aois 3 Bliadhna\)](#)** Comhairle na Gàidhealtachd (2017): <https://highlandliteracy.files.wordpress.com/2015/08/overview-of-early-3-year-old-pre-school-skills-23-09-13.pdf>

**[Àrd-shealladh air Sgilean Ro-sgoile \(Clann Aois 4 Bliadhna\)](#)** Comhairle na Gàidhealtachd (2017): <https://highlandliteracy.files.wordpress.com/2015/08/overview-of-pre-school-4-year-old-skills-23-09-13.pdf>

**[ASN-SLT Conference 2014 Videos](#)** Oilthigh Dhùn Èideann (June 2014): <http://www.storlann.co.uk/feumalachdan-taic/>

**[Blog Litearrais na Gàidhealtachd](#)** Comhairle na Gàidhealtachd (làrach-lìn làithreach): <https://highlandliteracy.com/>

**[Bòrd na Gàidhlig](#)** (làrach-lìn làithreach): <http://www.gaidhlig.scot/bord/>

**[Bumps to Bairns](#)** Comhairle na Gàidhealtachd (làrach-lìn làithreach): <https://bumps2bairns.com/>

**[Ceartas do gach pàiste](#)** Riaghaltas na h-Alba (2017): <http://www.gov.scot/Topics/People/Young-People/gettingitright>

**[Comhairle mu Foghlam Gàidhlig](#)** Foghlam Alba (2015): <https://education.gov.scot/improvement/documents/gael3-advice-on-gaelic-education-eng.pdf>

**[Comhairle na Gàidhealtachd: Plana Gàidhlig](#)** Comhairle na Gàidhealtachd (2017-2022): [https://www.highland.gov.uk/info/283/community\\_life\\_and\\_leisure/335/gaelic/2](https://www.highland.gov.uk/info/283/community_life_and_leisure/335/gaelic/2)

**[Comhairle na Gàidhealtachd: Poileasaidhean agus Stiùireadh - Taic do Luchd-ionnsachaidh](#)** Comhairle na Gàidhealtachd: [https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies\\_and\\_guidance\\_-\\_support\\_for\\_learners](https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies_and_guidance_-_support_for_learners)

Cummins, J. (2013) **[Bilingual education and Content and Language Integrate d Learning \(CLIL\): research and its classroom implications](#)** The University of Toronto: <http://citeseerx.ist.psu.edu/viewdoc/download?doi=10.1.1.896.9233&rep=rep1&type=pdf>

Deponio, P., Landon, J., Mullin, K., & Reid, G. (2000). **[An audit of the processes involved in identifying and assessing bilingual learners suspected of being dyslexic: A Scottish study](#)**. *Dyslexia*, 6(1), 29-41. : <https://pdfs.semanticscholar.org/1f39/588f2346f787026bbfefadf22e0f0cc9dd97.pdf>



**[Deuchainn Leughaidh Ghàidhlig](https://gaelicreadingproject.co.uk/)** (làrach-lìn làithreach): <https://gaelicreadingproject.co.uk/>

**[Do Chloinn na Gàidhealtachd](http://www.forhighlandschildren.org/)** Comhairle na Gàidhealtachd (làrach-lìn làithreach): <http://www.forhighlandschildren.org/>

Donaldson, M. (2014). **[Presentation, ASN-SLT Conference](http://www.storlann.co.uk/feumalachdan-taic/)** Dùn Èideann, 23/06/2014: <http://www.storlann.co.uk/feumalachdan-taic/>

**[Dyslexia Scotland](https://dyslexiascotland.org.uk/)** (làrach-lìn làithreach): <https://dyslexiascotland.org.uk/>

**[e-Storas](http://e-storas.com/)** Comhairle nan Eilean Siar (làrach-lìn làithreach): <http://e-storas.com/>

**[Factaraidh nam Fuaimean: Lasadh](https://fnf.lasadh.co.uk/)** Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig (làrach-lìn làithreach): <https://fnf.lasadh.co.uk/>

Fiona Lyon, F. (2015) **[Dè th' ann an diosleacsia?](https://www.dyslexiascotland.org.uk/sites/default/files/page_content/WhatIsDyslexiaGaelic_5.pdf)** Dyslexia Scotland: [https://www.dyslexiascotland.org.uk/sites/default/files/page\\_content/WhatIsDyslexiaGaelic\\_5.pdf](https://www.dyslexiascotland.org.uk/sites/default/files/page_content/WhatIsDyslexiaGaelic_5.pdf)

**[Foghlam Alba](https://education.gov.scot/)** (làrach-lìn làithreach): <https://education.gov.scot/>

**[Foghlam Farsaing Coitcheann](https://education.gov.scot/scottish-education-system/Broad%20general%20education)** Foghlam Alba (làrach-lìn làithreach): <https://education.gov.scot/scottish-education-system/Broad%20general%20education>

**[Foghlam Gàidhlig: Dòigh-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd](#)**, Comhairle na Gàidhealtachd (2018)

**[Foirn Ro-sgoile 1](http://forhighlandschildren.org/4-icpublication/)** Comhairle na Gàidhealtachd (2017): <http://forhighlandschildren.org/4-icpublication/>

**[Fuaimean Còmhla](https://blogs.glowscotland.org.uk/ab/sali/files/2016/09/Fuaimean-Comhla.pdf)** P.A. Caimbeul et al.: <https://blogs.glowscotland.org.uk/ab/sali/files/2016/09/Fuaimean-Comhla.pdf>

**[Fuaimean Feumail](http://www.languageswithoutlimits.co.uk/Resources/gaelicphonics.pdf)** Mairead Monk et al.: <http://www.languageswithoutlimits.co.uk/Resources/gaelicphonics.pdf>

**[Gaelic-medium Education in Scotland: choice and attainment at the primary and early secondary school stages](http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2016/12/OHanlon-2010-Taghadh-coileanadh-FtG-CR09-05-GME-choice-attainment.pdf)** Oilthigh Dhùn Èideann (2010) *O'Hanlon et al.*: <http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2016/12/OHanlon-2010-Taghadh-coileanadh-FtG-CR09-05-GME-choice-attainment.pdf>

**[Gaelic Phonological Screening Test](http://storlann.org.uk/feumalachdan-taic/powerpoints/Web-Version-FLYON-&-SMQ-Storlann-ASN-June-2014-Presentation.pdf)** Fiona Lyon, GL Assessment (2012): <http://storlann.org.uk/feumalachdan-taic/powerpoints/Web-Version-FLYON-&-SMQ-Storlann-ASN-June-2014-Presentation.pdf>

**[Her Majesty's Inspectorate of Education \(HMIE\)](https://education.gov.scot/what-we-do/inspection-and-review)** Foghlam Alba (làrach-lìn làithreach): <https://education.gov.scot/what-we-do/inspection-and-review>

Hughes, N., & Chitsabesan, P. (2015). **[Supporting young people with neurodevelopmental impairment. Centre for Crime and Justice Studies](https://www.crimeandjustice.org.uk/sites/crimeandjustice.org.uk/files/Supporting%20young%20people%20with%20neurodevelopmental%20impairment_1.pdf)** Air fhaotainn bho: [https://www.crimeandjustice.org.uk/sites/crimeandjustice.org.uk/files/Supporting%20young%20people%20with%20neurodevelopmental%20impairment\\_1.pdf](https://www.crimeandjustice.org.uk/sites/crimeandjustice.org.uk/files/Supporting%20young%20people%20with%20neurodevelopmental%20impairment_1.pdf)

**[Improving Practice in Gaelic Education](https://education.gov.scot/improvement/Documents/gael6-improving-practice-in-gaelic-education.pdf)** Foghlam Alba (2010): <https://education.gov.scot/improvement/Documents/gael6-improving-practice-in-gaelic-education.pdf>

**[Inclusive Practice in Language Learning](https://incpill.com/)** (làrach-lìn làithreach): <https://incpill.com/>

**[Languages without limits](http://www.languageswithoutlimits.co.uk/)** (làrach-lìn làithreach): <http://www.languageswithoutlimits.co.uk/>

Lauchlan, F. (2012). **[Improving learning through dynamic assessment. The Educational and Developmental Psychologist](https://s3.amazonaws.com/academia.edu.documents/43006413/Improving_Learning_Through_Dynamic_Asses20160224-19672-vp939p.pdf?AWSAccessKeyId=AKIAIWOWYYGZ2Y53UL3A&Expires=1521835144&Signature=dXMgPBCR2iFO6i2aeD0Kemz%2FH8I%3D&response-content-disposition=inline%3B%20filename%3DImproving_Learning_Through_Dynamic_Asses.pdf)** 29(2), 95-106.:

[https://s3.amazonaws.com/academia.edu.documents/43006413/Improving\\_Learning\\_Through\\_Dynamic\\_Asses20160224-19672-vp939p.pdf?AWSAccessKeyId=AKIAIWOWYYGZ2Y53UL3A&Expires=1521835144&Signature=dXMgPBCR2iFO6i2aeD0Kemz%2FH8I%3D&response-content-disposition=inline%3B%20filename%3DImproving\\_Learning\\_Through\\_Dynamic\\_Asses.pdf](https://s3.amazonaws.com/academia.edu.documents/43006413/Improving_Learning_Through_Dynamic_Asses20160224-19672-vp939p.pdf?AWSAccessKeyId=AKIAIWOWYYGZ2Y53UL3A&Expires=1521835144&Signature=dXMgPBCR2iFO6i2aeD0Kemz%2FH8I%3D&response-content-disposition=inline%3B%20filename%3DImproving_Learning_Through_Dynamic_Asses.pdf)

**[Leugh, Sgrìobh, Cunntais](http://gaelic.readwritecount.scot/)** – (làrach-lìn làithreach) Leugh, Sgrìobh, Cunntais sa Ghàidhlig, Riaghaltas na h-Alba: <http://gaelic.readwritecount.scot/>

**[Measadh Neo-fhoirmeil air Mothachadh mu Foneòlas airson aois-sgoile \(Gaelic Phonological Awareness Screen\)](https://highlandliteracy.com/2016/08/29/phonological-awareness-assessment-gaelic/)** Comhairle na Gàidhealtachd:

<https://highlandliteracy.com/2016/08/29/phonological-awareness-assessment-gaelic/>

Mehisto, P. Air fhaotainn bho: **[Excellence in Bilingual Education: A Guide for School Principals](http://www.cambridgeinternational.org/images/271190-bilingual-learners-and-bilingual-education.pdf)**. Air fhaotainn bho: *Bilingual learners and bilingual education, Education Brief 3, 1-4 Cambridge International Examinations* (2015):

<http://www.cambridgeinternational.org/images/271190-bilingual-learners-and-bilingual-education.pdf>

**[Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd](https://www.highland.gov.uk/info/1361/childcare_and_family_care/434/services_for_children_and_families/5)** Comhairle na Gàidhealtachd (làrach-lìn làithreach):

[https://www.highland.gov.uk/info/1361/childcare\\_and\\_family\\_care/434/services\\_for\\_children\\_and\\_families/5](https://www.highland.gov.uk/info/1361/childcare_and_family_care/434/services_for_children_and_families/5)

**[Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd – A' Libhrigeadh Taic a Bharrachd airson Ionnsachadh](https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies_and_guidance_-_support_for_learners)** Comhairle na Gàidhealtachd (2016):

[https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies\\_and\\_guidance\\_-\\_support\\_for\\_learners](https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies_and_guidance_-_support_for_learners)

Mueller Gathercole, V. C., Mon Thomas, E., & Hughes, E. (2008). **[Designing a normed receptive vocabulary test for bilingual populations: A model from Welsh. International Journal of Bilingual Education and Bilingualism](https://www.tandfonline.com/doi/full/10.1080/13670050802149283)** 11(6), 678-720.:

<https://www.tandfonline.com/doi/full/10.1080/13670050802149283>

**[National Improvement Hub](https://education.gov.scot/improvement)** Foghlam Alba (làrach-lìn làithreach):

<https://education.gov.scot/improvement>

O'Toole, C., & Hickey, T. M. (2013). **[Diagnosing language impairment in bilinguals: Professional experience and perception. Child Language Teaching and Therapy, 29\(1\), 91-109](http://irserver.ucd.ie/bitstream/handle/10197/4557/O%20Toole%20and%20Hickey%202013%20Diagnosing%20impairment%20in%20(Irish-English)%20bilinguals%20CLTT%202013%2029_1%20RepositoryCorrected.pdf?sequence=4)**. [http://irserver.ucd.ie/bitstream/handle/10197/4557/O%20Toole%20and%20Hickey%202013%20Diagnosing%20impairment%20in%20\(Irish-English\)%20bilinguals%20CLTT%202013%2029\\_1%20RepositoryCorrected.pdf?sequence=4](http://irserver.ucd.ie/bitstream/handle/10197/4557/O%20Toole%20and%20Hickey%202013%20Diagnosing%20impairment%20in%20(Irish-English)%20bilinguals%20CLTT%202013%2029_1%20RepositoryCorrected.pdf?sequence=4)

Öztürk, O., Gibson, J., Howard, K., & Katsos, N. (2018). ***How does multilingualism affect the communication of children with neurodevelopmental disorders? Bulletin, March 2018***. Royal College of Speech and Language Therapists

Peña, E., Iglesias, A., & Lidz, C. S. (2001). **[Reducing test bias through dynamic assessment of children's word learning ability. American Journal of Speech-Language Pathology, 10\(2\), 138-154](https://repositories.lib.utexas.edu/bitstream/handle/2152/31161/ReducingTestBias.pdf?sequence=1)**:

<https://repositories.lib.utexas.edu/bitstream/handle/2152/31161/ReducingTestBias.pdf?sequence=1>

**[Penfriend XL Gaelic](http://www.igaidhlig.net/en/penfriend-2/)** Inneal sgrìobhaidh/taidhpìdh ro-innseach (Stòrlann agus Penfriend):  
<http://www.igaidhlig.net/en/penfriend-2/>

**[Persistent Literacy Difficulties Practice Paper](https://www.highland.gov.uk/info/886/schools_-_additional_support_needs/36/psychological_service/2)** Seirbheis Eòlais-inntinn Chomhairle na Gàidhealtachd (2016): [https://www.highland.gov.uk/info/886/schools\\_-\\_additional\\_support\\_needs/36/psychological\\_service/2](https://www.highland.gov.uk/info/886/schools_-_additional_support_needs/36/psychological_service/2)

**[Quality and improvement in Scottish Education](https://education.gov.scot/what-we-do/inspection-and-review/about-inspections-and-reviews/principles-and-frameworks/Quality%20and%20improvement%20in%20Scottish%20education)** Foghlam Alba (2012-2016):  
<https://education.gov.scot/what-we-do/inspection-and-review/about-inspections-and-reviews/principles-and-frameworks/Quality%20and%20improvement%20in%20Scottish%20education>

RCSLT Specific Interest Group in Bilingualism (2007) ***Good practice for speech and language therapists working with clients from linguistic minority communities***. The Royal College Of Speech and Language Therapists. Ri fhaotainn aig:  
[https://www.rcslt.org/members/publications/publications2/linguistic\\_minorities](https://www.rcslt.org/members/publications/publications2/linguistic_minorities)

Rhys, M., & Thomas, E. M. (2013). **[Bilingual Welsh–English children's acquisition of vocabulary and reading: implications for bilingual education. International Journal of Bilingual Education and Bilingualism](https://www.tandfonline.com/doi/full/10.1080/13670050.2012.706248)** 16(6), 633-656.:  
<https://www.tandfonline.com/doi/full/10.1080/13670050.2012.706248>

**[Riaghaltas na h-Alba](http://www.gov.scot/Home)** (làrach-lìn làithreach): <http://www.gov.scot/Home>

**[Scottish Children's Charter](http://www.gov.scot/Publications/2004/04/19082/34411)** Riaghaltas na h-Alba (2004):  
<http://www.gov.scot/Publications/2004/04/19082/34411>

**[Scottish Computer Voice - Ceitidh – text to Gaelic speech](http://www.thescottishvoice.org.uk/home/)** The Scottish Voice, University of Edinburgh: <http://www.thescottishvoice.org.uk/home/>

**[Sgrùdadh Air Feuman Taice A Bharrachd Ann Am Foghlam Tron Ghàidhlig & Mion-sgrùdadh Air Na Feuman Trèanaidh Aig Luchd-obrach](https://www.storlann.co.uk/feumalachdan-taic/)** Bòrd na Gàidhlig (2017):  
<https://www.storlann.co.uk/feumalachdan-taic/>

**[Slatan-tomhais Litearrais agus Gàidhlig](https://education.gov.scot/improvement/documents/literacygaidhligbenchmarkspdf.pdf)** Foghlam Alba (2017):  
<https://education.gov.scot/improvement/documents/literacygaidhligbenchmarkspdf.pdf>

**[SLT Assessment and Intervention: Best practice for children and young people in multilingual settings](https://www.rcslt.org/members/publications/publications2/slt_assessment_and_intervention_main)** Colaiste Rìoghail nan Leasaichean Cainnt is Cànanain (2006):  
[https://www.rcslt.org/members/publications/publications2/slt\\_assessment\\_and\\_intervention\\_main](https://www.rcslt.org/members/publications/publications2/slt_assessment_and_intervention_main)

**[Special Needs Assessment Profile](https://www.hoddereducation.co.uk/Product/9780340972540.aspx)** Hodder Education, Weedon and Reid (2008):  
<https://www.hoddereducation.co.uk/Product/9780340972540.aspx>

**[Speech and Language Therapy: Clinical Guidelines for Working with Bilingual Children](http://www.google.co.uk/url?sa=t&rct=j&q=&esrc=s&source=web&cd=1&ved=0ahUKEwj1jvG1h-3ZAhVKKcAKHTInCnYQFggpMAA&url=http%3A%2F%2Fwww.highland.gov.uk%2Fdownload%2Fdownloads%2Fid%2F11643%2Fguidelines_on_bilingual_working.pdf&usq=AOvVaw3bOh7OGfC1Hbl3ZPVNkLgb)** Comhairle na Gàidhealtachd (2014):  
[http://www.google.co.uk/url?sa=t&rct=j&q=&esrc=s&source=web&cd=1&ved=0ahUKEwj1jvG1h-3ZAhVKKcAKHTInCnYQFggpMAA&url=http%3A%2F%2Fwww.highland.gov.uk%2Fdownload%2Fdownloads%2Fid%2F11643%2Fguidelines\\_on\\_bilingual\\_working.pdf&usq=AOvVaw3bOh7OGfC1Hbl3ZPVNkLgb](http://www.google.co.uk/url?sa=t&rct=j&q=&esrc=s&source=web&cd=1&ved=0ahUKEwj1jvG1h-3ZAhVKKcAKHTInCnYQFggpMAA&url=http%3A%2F%2Fwww.highland.gov.uk%2Fdownload%2Fdownloads%2Fid%2F11643%2Fguidelines_on_bilingual_working.pdf&usq=AOvVaw3bOh7OGfC1Hbl3ZPVNkLgb)

**[Speech Therapy and Gaelic \(STaG\): Activities for English speaking Speech & Language Therapists, supporting Gaelic medium schools](https://speechtherapyandgaelic.org/)**, Stòrlann (2018):  
<https://speechtherapyandgaelic.org/>

**[Stiùireadh air Obrachadh Dà-chànanach](https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies_and_guidance_-_support_for_learners)** Comhairle na Gàidhealtachd (2014):

[https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies\\_and\\_guidance\\_-\\_support\\_for\\_learners](https://www.highland.gov.uk/downloads/download/34/policies_and_guidance_-_support_for_learners)

**[Stiùireadh Foirm Ro-sgoile 1](http://forhighlandschildren.org/4-icspublication/)** Comhairle na Gàidhealtachd (2017):

<http://forhighlandschildren.org/4-icspublication/>

**[Stiùireadh Modail Cleachdaidh na Gàidhealtachd](https://www.highland.gov.uk/info/1361/childcare_and_family_care/434/services_for_children_and_families/5)** Comhairle na Gàidhealtachd (2017):

[https://www.highland.gov.uk/info/1361/childcare\\_and\\_family\\_care/434/services\\_for\\_children\\_and\\_families/5](https://www.highland.gov.uk/info/1361/childcare_and_family_care/434/services_for_children_and_families/5)

**[Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig](http://www.gaidhlig.scot/bord/education/statutory-guidance/)** Bòrd na Gàidhlig (2017):

<http://www.gaidhlig.scot/bord/education/statutory-guidance/>

**[Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig](http://www.storlann.co.uk/)** (làrach-lìn làithreach): <http://www.storlann.co.uk/>

Stow, C., & Pert, S. (2015). **[SLT assessment and intervention: Best practice for children and young people in bilingual settings. Additional Support Needs: A Collective Resource for GME](https://www.storlann.co.uk/feumalachdan-taic/downloads/ASN-Collective-Resource-280217.pdf#page=60)**. Chapter 7, 60-84.: <https://www.storlann.co.uk/feumalachdan-taic/downloads/ASN-Collective-Resource-280217.pdf#page=60>

**[Supporting children with effective strategies in GME](https://education.gov.scot/improvement/learning-resources/Supporting%20children%20with%20effective%20strategies%20in%20Gaelic%20Medium)** Foghlam Alba (2017):

<https://education.gov.scot/improvement/learning-resources/Supporting%20children%20with%20effective%20strategies%20in%20Gaelic%20Medium>

The British Psychological Society (BPS) (1999). ***Dyslexia, literacy and psychological assessment. Leicester:*** The British Psychological Society.

Thomas, E. M., & Lloyd, S. W. (2008). **[Developing Language-appropriate task items for identifying literacy difficulties in Welsh-speaking children. Dyslexia Review](https://training.dyslexiaaction.org.uk/sites/default/files/2008%20-%20Dyslexia%20Review%20Vol%2020%20No%201%20Autumn.pdf)** Volume 20, 4-9: <https://training.dyslexiaaction.org.uk/sites/default/files/2008%20-%20Dyslexia%20Review%20Vol%2020%20No%201%20Autumn.pdf>

**[United Nations Convention on the Rights of the Child](https://downloads.unicef.org.uk/wp-content/uploads/2010/05/UNCRC_united_nations_convention_on_the_rights_of_the_child.pdf?_ga=2.33303419.410582689.1496305501-1704682370.1496305501)** Unicef (1989):

[https://downloads.unicef.org.uk/wp-content/uploads/2010/05/UNCRC\\_united\\_nations\\_convention\\_on\\_the\\_rights\\_of\\_the\\_child.pdf?\\_ga=2.33303419.410582689.1496305501-1704682370.1496305501](https://downloads.unicef.org.uk/wp-content/uploads/2010/05/UNCRC_united_nations_convention_on_the_rights_of_the_child.pdf?_ga=2.33303419.410582689.1496305501-1704682370.1496305501)



14 EARR-RÀDH i – TRIANTAN MO SHAOGHAIL

getting it right for everyone

Triantan Mo Shaoghail ~ Comhairle na Gàidhealtachd

**MO SHAOGHAL**

- A bhith fallain
- Ag ionnsachadh & a' coileanadh
- A bhith comasach air conaltradh
- Misneachd annam fhèin
- Ag ionnsachadh a bhith earbsach
- A bhith neo-eisimeileach, a' coinhead às mo dhèidh fhèin
- A' mealtainn cuideachd teaghlach & charaidean

- Cùram & cuideachadh làitheil
- Sam chumail sàbhailte
- A bhith ann dhomh
- Chuibh, brosnachadh & fealla-dhà
- Trèachadh, toirt taic dhomh gus taghaidhean ceart a dhèanamh
- Fios air dè tha dol a thachairt & cuin
- A' tuigsinn eachdraidh & creideamhan mo theaghlach

- Taic bho theaghlach, charaidean & dhaoine eile
- Sgoil
- Goiireasan ionadail
- Airgead gu leòr
- Taighheadas cofhurtail & sàbhailte
- Cofhroman obrach dha mo theaghlach
- Buinteanas

An leannab no an neach òg slàn: Leasachadh Corpóra, Sòisealta, Faireachdail, Spioradail & Innntinn

## 15 CUIR FIOS THUGAINN



Airson tuilleadh fiosrachaidh mun t-susbaint a tha ann an ***A' Frithealadh Fheuman Taice a Bharrachd ann am Foghlam tron Ghàidhlig: Aithneachadh, Measadh agus Ro-innleachdan Taice*** cuiribh fios an toiseach chun an ionad ionadail agaibh airson Foghlam tron Ghàidhlig. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu thaobh sam bith de lìbhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig thar sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd le bhith a' cur [Fios Thugainn](#) aig Sgioba na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd:

**Sgioba na Gàidhlig**

**Fòn: 01463 702402**

**Post-d: gaelic@highland.gov.uk**

**No**

**[Contact Us Online](#)**

**[www.highland.gov.uk](http://www.highland.gov.uk)**

** Follow us  Like us**



